

## Feamainn

Bha **ceilp**, **duileasg**, **feamainn-bhuilgeanach** agus **stamh** air an cruinneachadh agus air an **giullachd** airson a dhol ann am mòran rudan mar stuth-fhiaclan, siampù, biadh agus cungaidhean-leighis.

Ann an Uibhist a Tuath bha **feamainn-bhuilgeanach** air a cruinneachadh sa Chèitean, agus **stamh** sa gheamhradh. Bha **ceilp** (feamainn-bhuidhe no feamainn-bhuilgeanach) pailt air costa siar na Gàidhealtachd.

Bha i cho pailt ann an Ulbha 's gun deach 'Bile òir Ulbha' a ghabhail air oirthir an eilein.

Canar 'ceilp' cuideachd ris an **luath ghiullaichte**.

